

Deuchainn B2

B2 Examination

Clàr-Teagaisg agus Stiùireadh

Syllabus and Guidance

1. Ro-ràdh agus Amas

'S e measadh comais coitcheann sa Ghàidhlig a th' ann an Deuchainn B2 stèidhichte san fharsaingeachd air mìneachaidhean comais airson ìre B2 den *Common European Framework of Reference for Languages (CEFR)*. Tha na deuchainnean seo ag amas air luchd-ionnsachaidh inbheach na Gàidhlig a tha a' leantainn a' chùrsa *SpeakGaelic*, no cùrsa coltach ris, agus bheir e fios foirmeil do luchd-ionnsachaidh mu ìre de chomas Gàidhlig a th' aca. Tha *SpeakGaelic* a' tabhann clàr-teagaisg Gàidhlig cuimsichte aig B2, le 26 cuspairean a tha a' ceangal ris na cuspairean aig na prògraman ionnsachaidh cànan *SpeakGaelic* air a' BhBC. Tha an cànan agus am briathrachas a tha gan taisbeanadh mar phàirt den sgrìobhainn seo stèidhichte air na sgèilean CEFR mar a rinneadh freagarrach don Ghàidhlig le FICE (Frèam Iomraidh Cumanta Eòrpach).

Tha an sgrìobhainn Clàr-teagaisg agus Stiùireadh seo a' toirt fiosrachadh do thagraichean mu na ceithir sgilean a thathar a' measadh tron deuchainn: Labhairt, Èisteachd, Leughadh agus Sgrìobhadh. Tha e cuideachd a' tabhann fiosrachadh sònraichte air an eòlas agus an tuigse a bhios tagraichean air a leasachadh fhad 's a bhathar ag obair tro na goireasan *SpeakGaelic*, no tro ionnsachadh Gàidhlig eile.

2. Uairean Ionnsachaidh a Thathar a' Sùileachadh

Chan eil an Common European Framework of Reference for Languages ag innse cia mheud uair a thìde de dh'ionnsachadh a dh'fheumas neach-ionnsachaidh a dhèanamh gus na h-ìrean CEFR a ruighinn, air sgàth 's gu bheil seo mar as àbhaist air a mheasadh airson gach cànan fa leth stèidhichte air chaochladh adhbharan. Bidh gach neach-ionnsachaidh eadar-dhealaichte, ach chì sinn às na tomhaisean a chaidh a leasachadh airson na Beurla agus airson na Gàidhlig Èireannaich mar chànan dlùth-chàirdeach ris a' Ghàidhlig, gu bheil a' moladh gun toir coileanadh B2 co-dhiù timcheall air 150-200 uair, a bharrachd air an 350 gu 400 a bu chòir do luchd-ionnsachaidh a choileanadh rè A1, A2, & B1.

Common European Framework of Reference for Languages (CEFR)

ÌRE	Air a ruighinn le ... uairean de dh'ionnsachadh	Uairean Ionnsachaidh Iomlan
A1	90 to 100	90 to 100
A2	+ 90 to 100	180 to 200
B1	+ 150 to 200	350 to 400
B2	+ 150 to 200	500 to 600
C1	Leantainneach	Leantainneach
C2		

3. Sgilean Cànan

Tha na sònrachaidhean cànan air am mìneachadh anns an sgrìobhainn seo a' toirt beachd do thagraichean air an ìre as lugha de chànan a dh'fheumas iad anns gach fear de na cuspairean B2. Tha abairtean agus briathrachas feumail air an toirt seachad, mar a tha structaran gràmair agus gnàthas-chainnte. Tha comas cànan ris a bheil an dùil cuideachd ga nochdadh, a' leigeil le tagraichean a dhèanamh cinnteach gu bheil doimhneachd gu leòr de dh'ionnsachadh aca anns gach roinn chuspair. Aig an ìre seo, bu chòir gum bi tagraichean comasach air comasan coileanta iomchaidh a thaisbeanadh anns gach fear de na ceithir sgilean; Bruidhinn, Èisteachd, Leughadh, agus Sgrìobhadh.

Tha tagraichean air am brosnachadh gu na ro-innleachdan ionnsachaidh seo a leantainn gus an cuid ionnsachaidh a chuideachadh anns na ceithir sgilean:

- Ath-aithris agus cumail an cuimhne briathrachais ùir
- Cleachdadh èifeachdach de dh'fhacairean agus leabhraichean gràmair
- Cumail nòtaichean agus geàrr-chunntasan de phrìomh phuingean ionnsachaidh
- Ag iarraidh cuideachadh agus a' taiceadh luchd-ionnsachaidh eile

Tha na h-earrannan a leanas a' mìneachadh na bu chòir a bhith comasach do thagraichean anns na ceithir sgilean cànan aig an ìre seo:

Labhairt

- Is urrainn dhomh bruidhinn le ìre fileantais agus saorsa a nì conaltradh cunbhalach ri luchd-labhairt fileanta comasach gun strì air taobh seach taobh den chòmhradh.
- Is urrainn dhomh pàirt ghnìomhach a ghabhail ann an còmhradh ann an co-theacsaichean is aithne dhomh, a' mìneachadh agus a' daingneachadh mo bheachdan.
- Is urrainn dhomh mìneachaidhean soilleir, mionaideach a thoirt seachad air farsaingeachd de chuspairean co-ceangailte rim raon eòlais.
- Is urrainn dhomh sealladh a mhìneachadh air cùis chuspaireil - a' toirt seachad nam buannachdan is eas-bhuannachdan de chaochladh bheachdan.

Èisteachd

- Is urrainn dhomh òraidean is labhairt fhada a leantainn fiù 's le loidhnichean argamaide toinnte cho fad 's aithne dhomh an cuspair gu ìre.
- Is urrainn dhomh a' mhòr-chuid de phrògraman TBh naidheachdan is aithriseach a thuigsinn.
- Is urrainn dhomh a' mhòr-chuid de dh'fhilmichean is phrògraman anns na dualchainntean coitcheann a thuigsinn.

Leughadh

- Is urrainn dhomh altan agus aithisgean a leughadh mu thrioblaidean an latha an-diugh anns am bi na sgrìobhadairean a' gabhail sheasamhan no sheallaidhean sònraichte.
- Is urrainn dhomh rosg litreachail co-aimsireil a thuigsinn.

Sgrìobhadh

- Is urrainn dhomh teacsa soilleir, mionaideach a sgrìobhadh air farsaingeachd de chuspairean a bhuineas do na h-ùidhean agam.
- Is urrainn dhomh aiste no aithisg a sgrìobhadh, a' toirt seachad fiosrachadh no adhbharan a chuireas taic ri no a thèid an aghaidh sealladh àraid.
- Is urrainn dhomh litrichean a sgrìobhadh a' soilleireachadh brìgh phearsanta a bh' aig tachartasan agus fiosrachaidhean.

4. Fiosrachadh Coitcheann

Bu chòir do thagraichean facairean a sheachnadh is iad a' dèanamh na deuchainne. Innsidh seo dhaibh barrachd mun ìre aig a bheil iad.

Gheibh tagraichean comharra deireannach a bhios na agragaid de na comharran a fhuaradh anns na ceithir co-phàirtean den deuchainn (labhairt, èisteachd, leughadh, agus sgrìobhadh). Thèid innse do thagraichean cuideachd mun chomharra a fhuaradh anns gach co-phàirt. Chan eil comharra soirbheachaidh as ìsle ann airson nan co-phàirtean fa leth.

Tha cuideam agus comharran co-ionann anns na ceithir co-phàirtean den deuchainn B2:

	Cuideam	Comharran Iomlan
Bruidhinn	25%	25
Èisteachd	25%	25
Leughadh	25%	25
Sgrìobhadh	25%	25
	Iomlan	100

Tha na comharran a leanas air am buileachadh san deuchainn seo:

85-100%	Soirbheachail le Àrd-urram
75-84%	Soirbheachail le Urram
60-74%	Soirbheachail
0-59%	Fàilligeadh

5. Sònrachaidhean Cànan anns na Cuspairean

Tha an earrann seo a' mìneachadh nan 26 Cuspairean air am bu chòir ionnsachadh cànan cuimseachadh aig B2 agus an ìre as ìsle de chànan aig am bu chòir do luchd-ionnsachaidh a bhith ag obair mus dèan iad an deuchainn B2. Tha am frèam-obrach seo stèidhichte air clàr-teagaisg *Communicative Language Teaching (CLT)*, leis an dòigh smaoineachaidh gur ann tro chonaltradh as fheàrr a ionnsaichear cànan.

Tha comasan cànan air am mìneachadh anns gach roinn chuspair agus tha eisimpleirean air an toirt seachad airson tagraichean, ach chan eil an liosta gu h-iomlan coileanta, agus dh'fhaodte gum biodh oidean/tidsearan air cur ris mar a bhiodh iomchaidh don luchd-ionnsachaidh fhèin. A thuilleadh air sin, tha an earrann seo a' toirt seachad fiosrachadh mionaideach air an eòlas agus tuigse ris a bheilear an dùil bho thagraichean is iad air an slighe a dhèanamh tro na goireasan ionnsachaidh *SpeakGaelic* no eile.

Airson an cuid ionnsachaidh a crìochnachadh aig ìre B2 agus ullachadh a dhèanamh ron deuchainn B2, feumaidh luchd-ionnsachaidh na cuspairean agus comasan gu lèir anns an fhrèam-obrach a sgrùdadh.

Cuspair 1: Foghlam | Education

1.1	A' bruidhinn air na rudan a tha luchd-ionnsachaidh air bhith a' dèanamh: Aogas Leantainneach agus Coileanta	Dè cho fada 's a tha thu air a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig? Tha mi air a bhith ag ionnsachadh fad fichead bliadhna! Tha mi air a bhith a' leughadh leabhraichean. Chan eil mi air a bhith a' frithealadh chlasaichean. Dh'ionnsaich mi _ Bha mi ag ionnsachadh _ Tha mi air _ ionnsachadh Tha mi air a bhith ag ionnsachadh _
1.2	Foghlam aig àrd ìre	Thug mi a-mach ceum maighstireachd ann an lagha Dh'fhrithleach mi Oilthigh Ghlaschu Thug na h-òraidichean òraidean seachad gach latha. <i>Gnìomhairean neo-riaghailteach eile san tràth chaithte agus san tràth theachdail – Chaidh mi a-mach còmhla ri caraidean. An dèan thusa cùrsa eile an dèidh a' chùrsa seo?</i>
1.3	Ro-innleachdan Ionnsachaidh	Èisteachd fhulangach v ghnìomhach Leughadh.
1.4	A' cleachdadh a' phàirteir chaithte	Bha a h-uile rud sgrìobhte . 'S e boireannach ionnsaichte a th' innte. Chan eil mi cleachdte ri seo.
1.5	Fuaimneachadh	Sèimheachadh le L, N & R – Tha mi a' dol a leughadh sin. Leugh seo an-dràsta! Leugh mi e an-dè. msaa.
1.6	Deasbad: Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig	Buannachdan is duilgheadasan / neartan is laigsean
1.7	Deasbad: A bheil luach ga chur ann an dà-chànanas? A bheil dà-chànanas nas nàdarra ann an dùthchannan eile?	Dà-chànanas anns a' chomann-shòisealta againn.
1.8	Gnàthasan	Toiseach-tòiseachaidh, Mar an ceudna, Tha mo cheann na bhrochan, Tha mi air bhoil, Stiall/Dall ort!, Feuch air..., Cùm ris, Aig a' cheann thall, Dè tha fodhad/romhad?, Dè tha fairear dhut?, Cò aige tha brath/fios?, Tha Tighinn Fodham, Fodham, Fodham - Tobar an Dualchais
Gràmar Sèimheachadh le L, N & R Aogas Leantainneach agus Coileanta <i>Progressive and Perfect Aspects</i> Pàirtearan Caithte – sgrìobhte, ionnsaichte, loisgte Ath-aithris: - Gnìomhairean neo-riaghailteach – tràth chaithte / teachdail / cumhach (<i>Full verb table + Conjunctions</i>)		Briathrachas Ainmearan: ceum, ceum le urram, iar-cheum, for-cheum, oilthigh, maighstireachd, ollamh, àrd-ollamh, òraid, rannsachadh, tràchdas, cròileagan, sgoil-àraich, àrainn, Gnìomhairean: sgrùd, rannsaich, dearbh, frithealaich, foghlaim, ionnsaich, ceumnaich Buadhairean: foghlamaichte, acadaimigeach, sgoilearach, sgoileil, ionnsaichte
Gnàthas-cainnte / Seanfhacail / Òrain An leanabh nach foghlam thu ri do ghluin, chan fhoghlam thu ri do chluais		'S cruaidh a choisinn e am foghlam seo - Cha dèanar sagart gun fhoghlam, 's cha dèan foghlam sagart.

Abairtean Comais (CEFR/FICE)

- Is urrainn dhomh beachdachadh air an fhoghlam is ionnsachadh agam fhèin.
- Is urrainn dhomh a ràdh carson a b' fheàrr leam ionnsachadh ann an aon dòigh seach dòigh eile.
- Is urrainn dhomh èisteachd ri beachdan dhaoine eile is freagairt a thoirt dhaibh.
- Is urrainn dhomh brìgh deasbaid air ionnsachadh a thuigsinn, is mo bheachd a chur ris an deasbad.
- Is urrainn dhomh diofar bheachdan a mheasadh is co-dhùnadh a dhèanamh orra.
- Is urrainn dhomh bruidhinn mun cheum a rinn mi agus am foghlam oilthighe a rinn daoine eile.

Cuspair 2: Turasachd | Tourism

1.1	Fiosrachadh mu ghnìomhachas na turasachd air feadh an t-saoghail	Càit an tèid luchd-turais – chun na mara dha na beanntan Dè tha a' tarraing dhaoine? – eachdraidh agus làraichean eachdraidheil / àitichean àlainn le seallaidhean brèagha, tràighean gainmhich agus eileanan creagach / Sìde bhlàth – gnàth-shìde a' Mhuir Mheadhan-thìrich – pailteas grèine, teothachd bhlàth, muir bhlàth A bheil turasachd a' dèanamh cron air an dùthaich?
1.2	An tràth teachdail neo-riaghailteach sa ghuth fhulangach	Gheibhear fiosrachadh mu dhùthchannan cèin air an eadar-lìon. Nithear spòrs samhraidh agus spòrs geamhraidh Bheirear taic dha eaconamaidh an àite Chithear iomadh sealladh àlainn.
1.3	Roimhearan fillte – às eugmhais (agus às aonais a-rithist)	An rachadh tu air làithean saora às eugmhais airgid? Càit an rachadh tu? An deach thu dha na h-eileanan an iar às m' aonais ? Bu toil leam falbh a dh'àiteigin às d' aonais . Dh'fhalbh e dhan Roinn Eòrpa às eugmhais a chamara.
1.4	A' cleachdadh an tuiseil ghinideach le rè, far agus chun	Nuair a choisich mi anns an Spàinn, thuit mi far an rathaid Rè nan làithean-saora... Rè na bliadhna... Chaidh iad chun an eilein bhig air bàta seòlaidh. Rè a' ghlasaidh shluaigh . Rè an turais...
1.5	Deasbad: Buannachdan is mì-bhuannachdan Roghainnean: taigh-òsta no AirBnB?, a' dol air itealan no air trèana?	A bheil turasachd ag adhbharachadh barrachd cron na feum? Ciamar a ghabhas turasachd riaghailteachadh? Cò dha a tha na buannachdan a thig le turasachd? Dè a' bhuaidh a th' aig turasachd air an àrainneachd? Faodaidh nach bi obraichean ann ach rè an t-seusain. Faodaidh nach bi teachd-a-steach aig cuid de dhaoine fad mhìosan. Faodaidh gum bi tòrr thaighean ann an dorchadas fad a' gheamhraidh. 'S ann a... 'S e gu bheil...
1.6	Gnàthasan	Tha mi seachd sgìth de... Tha ... a' gabhail brath air... Is lugha orm... Is beag orm... Tha dubh-ghràin agam air...
Gràmar An tràth teachdail fulangach, neo-riaghailteach – Gheibhear fiosrachadh... Roimhearan fillte – ÀS EUGMHAIS Roimhearan ginideach: RÈ FAR CHUN + an tuiseal ginideach Ath-aithris: - Cuir cuideam le 'S e & 'S ann – 'S ann a chaidh mi air a' bhus. - Fo-chlàs – gum b' e, gum b' ann...		Briathrachas Ainmearan: cron, feum, buannachd, eas-bhuannachd, luach, mòr-thurasachd, adhbhar-tàlaidh, luchd-turais, Gnìomhairean: riaghailtich, smachdaich, brosnach, glèidh, leudaich, leasaich, neartaich, a' cruthachadh obraichean, Buadhairean: cudromach, saor no daor, Làrach-lìn a' BhBC - https://www.bbc.co.uk/bitesize/guides/zh7g87h/revision/1
Gnàthas-cainnte / Seanfhacail / Òrain - Siubhal na Samhna dha! - Chan i an ro-chabhadh as fheàrr.		Siubhal a' chait a chaidh don eas dhut!

Abairtean Comais (CEFR/FICE)

- Is urrainn dhomh bruidhinn air turasachd siubhal agus saor-làithean.
- Is urrainn dhomh beachdachadh air na buannachdan is eas-bhuannachdan an cois turasachd.
- Is urrainn dhomh mìneachadh cò dha a tha na buannachdan an cois turasachd.
-

Cuspair 3: Àiteachas | Farming

1.1	Briathrachas croitearachd	Sna seann làithean, rachadh daoine dhan àirigh as t-samhradh. Chleachdadh iad feamainn mar thodhar. Àite torach, iodhlann, achadh, gàrradh, talamh-àitich
1.2	Beatha air an dùthaich	Chan eil daoine nan cabhag Tha daoine nan èiginn Chan eil cus ùine agad nad thost msaa.
1.3	Solarachadh bìdh	Cruithneachd, eòrna, coirce – tuathanasan mòra.
1.4	Àiteachas agus an àrainneachd	Dòigh-beatha a tha math do dhaoine a thig nar dèidh . Tha sinn fallain ma tha biadh math nar broinn . Tha e agam an àiteigin am broinn an taighe.
1.5	Coltas na dùthcha - FO	Tha na craobhan fo bhlàth Tha na h-achaidhean fo bhàrr Tha na beanntan fo fhraoch Tha an talamh-ionaltraidh fo chaoraich
1.6	Deasbad: biadh ionadail no biadh bho thall thairis? Feòil no glasaich?	Còmhraidh / Taisbeanadh air na buannachdan is argamaidean airson biadh ionadail agus airson a bhith a' seachnadh feòil.
1.7	An tràth caithte fulangach, neo-riaghailteach – Rinneadh ... / Fhuaradh....	Rinneadh obair chruaidh air an talamh. An do rinneadh obair-leasachaidh air a' Ghàidhealtachd? Fhuaradh taic bhon choimhearsnachd. Thogadh bailtean ùra air an dùthaich.
1.8	Gnàthasan	Mac-talla, co-thràth na maidne, co-thràth na h-oidhche, A' rùsgadh chaorach, A' rùsgadh bhuntàta, Smùid na mara, A' cartadh a' bhàthaich, Cuir buntàta/sìol/teine, Cuir dragh air, Cuir thuige an teine, Cuir às do..., Cuir an cèill, Cuir suas leis, Cuir air falbh, Cuir romhad, Cuir sìos air, a' cur an t-sneachda, Cuir an aghaidh, Dè tha a' cur ort? Cuir às leth, Cuir Beurla air, Cuir gu bàs Tog am buntàta, Tog an lìon, Tog an acair, Thog a' ghaoth, Tog ort dhachaigh, Tog dealbh, a' togail mo nàdair, An do thog e a cheann?
Gràmar An tràth caithte fulangach, neo-riaghailteach – Rinneadh ... / Fhuaradh.... / Roimhearan filte - AM BROINN & AN DÈIDH [NAM, NAD] vs ÀS DÈIDH a-rithist [ÀS MO, ÀS DO] - Gnìomhairean staideach – nam ghurraban, nad chabhag, na h-èiginn, nur tost - An roimhear FO – fo bhàrr, fo fhraoch, fo fheanntaig, fo bhlàth Ath-aithris: - Gnìomhairean riaghailteach – tràth caithte / teachdail / cumhach (Full verb table + Conjunctions)		Briathrachas Ainmearan: todhar, inneir, feamainn, puinnsean bhiastagan, tuathanachas, àiteachas, dian-àiteachas, co-thuathanachas, inneal, acfhainn, treabhadh, cas-chrom, tuathanas malairteach Gnìomhairean: bleoghainn, àitich, Buadhairean: ceimigeach, malairteach, torach

Gnàthas-cainnte / Seanfhacail / Òrain

- Treas sonas mhic an tuathanaich, nighean air a' chiad chloinn.
- Is e farmad a nì treabhadh.
- Am fear as fheàrr a chuireas, 's e as fheàrr a bhuineas.
- Cha bhi baine aig bò fir, 's cha bhi treabhadh an each mnatha.
- Is minig a bha sùil-chruthaich air bliadhna bhòidhich.

Abairtean Comais (CEFR/FICE)

- Is urrainn dhomh bruidhinn air mar a bhithear a' solarachadh biadh.
- Is urrainn dhomh meòrachadh air a' bhuaidh a th' aig àiteachas air an àrainneachd.
- Is urrainn dhomh measadh a dhèanamh air an dòigh as fheàrr airson biadh a dhèanamh.
- Is urrainn dhomh mìneachadh na tha mi fhèin a' creidsinn a thaobh na bhios mi ag ithe is carson.

Cuspair 4: Sòisealtas | Society

1.1	Cothromachd agus ion-ghabhaltas Colonachd agus neo-ionannachd	Dè cho cothromachd 's a tha an saoghal againn? Ma chì thu rudeigin ceàrr, an tèid thu an aghaidh neo-ionannachd ?
1.2	A' bruidhinn air roghainnean is a' cleachdadh ainmearan le ro-leasachain àicheil	buannachd & eas -bhuannachd riaghladh & mì -riaghladh ceartas & ana -cheartas laghail & mì -laghail aonta & easa onta
1.3	Eucoir agus adhbharan airson eucoir agus a' bruidhinn mu dheidhinn an lagha.	Dèan eucoir - Rinneadh eucoir ghràineil anns a' bhaile-mhòr. Adhbharan airson eucoir - iomadh-fhillte: bochdainn, droch thogail, cion fèin-mhisneachd, deoch-làidir agus mì-chleachdadh dhrogaichean. Thogadh am balach ann an sgìre bhoichd agus chaidh a chur an sàs le paca-mhèirleach. B' e dearg-mhèirleach a bh' ann.
1.4	Roimhearan fillte – A DH'IONNSAIGH – dham ionnsaigh, dhad ionnsaigh + A DH'AINDEOIN & A RÈIR	Chunnaic iad am mèirleach a' dol a dh'ionnsaigh na sgoile . Thàinig iad dham ionnsaigh . Thig mi dhad ionnsaigh. Fhuaradh ciontach e a dh'aindeoin na fianais . Nì sinn e a dheòin no a dh'aindeoin . A rèir na fianais rinn esan e. Chan eil sin fìor dha rèir-san .
1.5	An tràth teachdail riaghailteach sa ghuth fhulangach.	Feumar seo a leughadh. Feumar gabhail ris na riaghailtean. Chan fhaodar a' bhò a reic is a bainne òl. Chan fhaodar snàmh/smocadh an-seo
1.6	Cìsean is seirbheisean poblach	Chaidh cìsean a chur suas. Thèid seirbheisean poblach a lùghdachadh . Cuirear cìsean suas. Lùghdaichear seirbheisean poblach.
1.7	An lagh	Cùirtean na h-Alba – A' Chùirt Sgìre airson eucoirean nas lugha, Cùirt an t-Siorraim airson eucoirean nas miosa, Àrd-chùirt a' Cheartais airson na h-eucoirean as miosa. Tha gach cùirt a' dèiligeadh ri diofar seòrsachadh chùisean a rèir de cho dona 's a tha an eucoir. Thàinig iad dham ionnsaigh. A' briseadh an lagh. Peanas ciontach & neo-chiontach. 'S ann ann an Alba a-mhàin a tha an co-dhùnadh 'gun dearbhadh' agus 's e adhbhar connspaid a th' ann. Tha e a' ciallachadh gu bheil an diùraidh a' creidsinn gun do rinn an neach a tha fo chasaid an eucoir, ach nach eil fianais gu leòr ann airson a dhìteadh. [https://www.bbc.co.uk/bitesize/guides/zw8wpbk/revision/3]
1.8	Deasbad : a bheil na h-aona chothroman aig boireannaich is a tha aig fir? Aig daoine dubha is donna is a tha aig daoine geala?	
Gràmar An tràth teachdail fulangach, riaghailteach le FEUM agus FAOD – Feumar seo a leughadh.		Briathrachas Ainmearan: colonachd, iar-cholonachd, dì-cholonachd, ioma-chultaras,

• Roimhearan fillte – A DH'IONNSAIGH – dham ionnsaigh, dhad ionnsaigh + A DH'AINDEOIN & A RÈIR • Ro-leasachain àicheil: mì- / neo- / eas- / ao- / dì- / eu- Ath-aithris: • An guth fulangach le RACH	• Gnìomhairean: a' brosnachadh dhaoine, a' dèanamh conaltradh ri, ag èisteachd ri, a' dol an aghaidh, a' dol an sàs, • Buadhairean: ioma-chinnidheach, brosnachail, misneachail.
Gnàthas-cainnte / Seanfhacail / Òrain • Millidh droch cho-luadar deagh bheusan. • Comann mo ghaoil, comann nan ceàrd. • Is coma leam comann an òil. • Comann nam Maor. • Is coma leam comann gille na geire ; ge math a thoiseach, bu ro olc a dheireadh.	
Abairtean Comais (CEFR/FICE) ➤ Is urrainn dhomh bruidhinn air feartan a' chomainn shòisealta againn. ➤ Is urrainn dhomh meòrachadh air na còraichean dhaoine aig diofar bhuidhnean. ➤ Is urrainn dhomh bruidhinn air colonachd is neo-ionannachd.	

Cuspair 5: Bailtean-mòra | Cities

1.1	Beatha anns na bailtean-mòra	Cò am baile-mòr as beartaiche air an t-saoghal? – Tokyo. 'S e baile a tha a' sìor fhàs a th' ann an Tokyo agus tha e inntinneach, beò agus sàbhailte. Le bailtean-mòra, chan eil mòran talamh còmhnaidh air fhàgail agus bidh comhairlean a' togail thaighean ùra air pàircean agus fearann uaine. Àitichean trang, ach le còmhndhail mhath. Goireasan ann agus às. Tha trafaig-rathaidean agus factaraidhean ag adhbharachadh truailleadh fuaim agus adhair. Tha luchd-còmhnaidh a' dèanamh tòrr sgudail agus càit an tèid an sgudal seo? Chaidh am bus a mhillleadh nuair a chaidh a dhràibheadh fon drochaid. trèana fon talamh
1.2	Iomlaid le ainmearan	Feumaidh a' chomhairle barrachd thaighean a thogail. Tha a' chomhairle air plana a sgrìobhadh. Bu chòir dhan riaghaltas taic a thoirt do dhaoine a tha a' fuireach ann an sgìrean bochda.
1.3	Iomlaid leis a' bhuadhair shealbhach – mo, do, a, a, ar, ur, an(am)	Tha a' chomhairle air plana a sgrìobhadh. Tha iad air (a) fh oilseachadh air an làraich-lìn aca. Feumar taighean a th ogail. Feumar an togail cho luath 's a ghabhas. Tha am baile air m' fh àgail sgìth. Tha e math d' fhaicinn . Tha mi toilichte do ch oinneachadh.
1.4	An tràth cumhach (a-rithist)	Dh'fhuirichinn sa bhaile-mhòr nam biodh obair mhath agam. Cha dh'fhuirichinn ann an àite trang. Thogadh e taigh air an dùthaich nam biodh fearann aige. Dè b' fheàrr leat fhèin? – Am fuiricheadh tu ann an àite trang no àite sàmhach?
1.5	Deasbad: A bheil beatha ann am bailtean so-sheasmhach? Am feum càr a bhith agad ann am baile-mòr?	
1.6	Gnàthasan	Tha solais a' bhaile a' priobadh . Tha toglaichean gan togail ann am priobadh na sùla ! Tha sglèat a dhìth air! Tha thu ann am beul a' bhaile!
Gràmar Iomlaid le ainmearan – <i>Dh'fheuch a' chlann ri taigh a thogail. / Feumaidh mi leabhraichean a leughadh.</i> Iomlaid le buadhairean sealbhach – <i>Tha iad air a thogail sa bhaile-mhòr (a = taigh / e). Feumaidh mi an leughadh an-diugh!</i> Ath-aithris: - Gnìomhairean riaghailteach san tràth chumhach + naisgearan		Briathrachas Ainmearan: prìomh chosnadh, togalaichean àrda, companaidhean mòra ionmhais (Lunnainn), ionadan-bhùthan mòra, prìs talmhainn, truailleadh, glasadh-traffic, coimpiutairean Gnìomhairean: siubhal, fuireach, còmhnaidh, togail, Buadhairean:

Gnàthas-cainnte / Seanfhacail / Òrain

- Chaill e am baile thall, 's cha do bhuinnig e am baile a-bhos.
- Ged a tha mi an-diugh nam chù-baile, bha mi roimhe nam chù-mòintich.
- Am fear nach toir gnothach don bhaile-mhòr, bheir e gnothach às.
- Is math am baile 's am faighear biadh ri iarraidh.
- Tha sin aig coin a' bhaile.
- Am fear a bhios carach sa bhaile seo bidh e carach sa bhaile ud thall.

Abairtean Comais (CEFR/FICE)

- Is urrainn dhomh bruidhinn air beatha sa bhaile-mhòr.
- Is urrainn dhomh meòrachadh air buannachdan is eas-bhuannachdan ann a bhith a' fuireach sa bhaile.
- Is urrainn dhomh coimeas a dhèanamh eadar beatha sa bhaile is beatha àitichean eile.

Cuspair 6: Co-fhaireachdainn | Sympathy

1.1	A' sealltainn co-fhaireachdainn do dhaoine.	Tha mi duilich an naidheachd agad a chluinntinn. Abair droch naidheachd. 'S bochd an naidheachd sin. 'S duilich leam sin a chluinntinn. Is duilich leam. Tha mi duilich air do shon, a ghràidh. Abair truas! Tha co-fhulangas aige. Is truagh... gur e...gur ann...
1.2	Ag innse mar a tha thu a' faireachdainn.	Is beag orm & Bu bheag orm... Is lugha orm & Bu lugha orm... Gràin – Tha gràin agam air sin. Cuir gràin ort. Gràdh agus gaol – Tha gaol agam air... Gabh gaol air... Thoir gaol do... Tha gràdh agam air... Is mòr orm... Is mòr leam... Is fìor thoil leam... Tha mi fo bhròn.
1.3	A' bruidhinn air dàimhean, faireachdainnean agus slàinte	B' e deagh dhuine a bh' ann agus b' esan na shàr bhàrd cuideachd. Seo am prìomh rud a shaoil mi nuair a chuala mi an naidheachd. Tha mi pròiseil asad. Tha cuimhne agam air na làithean a chuir sinn seachad anns an eilean. ... nach maireann. Bu mhòr am beud... 'S mòr am beud... Cha bhi beud ort idir.
1.4	Ga-structaran (a-rithist)	Tha mi gad thuigsinn . Cha robh mi ga chreidsinn . Bidh mi gur faicinn . Bu toil leam a bhith gur cuideachadh .
1.5	Clàsan roimhearach	Seo an tè ris an do bhruidhinn mi aig an tìodhlacadh. An esan am fear air an robh falt dubh? An e sin an t-àite dhan deach e? Cò an t-àite dhan tèid sinn? Chan eil daoine ann ris am bruidhinn iad. An iad na daoine leis an coinnich sinn?
1.6	Deasbad: a bheil na meadhanan sòisealta a' toirt droch bhuaidh air ar slàinte-inntinn?	
1.7	Gnàthasan	Leig le... – Leig leam sin a dhèanamh! Leig leis. Cha robh mi ach a' leigeil orm A' cur an ìre. Tha leig/ruig thu leas. Tha a bheul gun fhàitheam Bha e air a rothaigeadh.
Gràmar Buadhairean càileach air thoiseach air an ainmear – deagh dhuine, sàr bhàrd, prìomh mhinistear GA-structaran – Tha mi gad thuigsinn, Cha robh mi gur faicinn... Abairtean roimhearach – pròiseil à, cuimhne aig & air, meas agam air, sgeul air, dèidheil air... Clàsan roimhearach – ... dhan deach mi, ... dhan tèid mi, ... ris am bruidhinn, ... leis an coinnich, msaa Ath-aithris: - The Copula with nouns/adjectives/pronouns		Briathrachas Ainmearan: mo thruaighe, am bròn, mulad, dòlas, sùilean silteach, fo bhròn, truas, co-fhulangas, gràdh, beud Gnìomhairean: a' rannaich agus a' caoineadh, cuir an cèill Buadhairean: muladach, truagh, cianail, tùrsach agus brònach, duilich, deurach – sil gu deurach goirt, Òran: Òran Dhòmhnail Phàdraig Iagain

Gnàthas-cainnte / Seanfhacail / Òrain

- Is e am bròn as fhasa fhaotainn.
- Leaghaidh am bròn an t-anam bochd.
- A rèir do mheas ort fhèin, measaidh càch thu
- Sannt gun sonas èirigh an donas dha.
- Thig math a mulad, 's thig sonas a suaimhneas.

Abairtean Comais (CEFR/FICE)

- Is urrainn dhomh co-fhaireachdainn a shealltainn do dhaoine eile.
- Is urrainn dhomh bruidhinn air duilgheadasan is trioblaidean.
- Is urrainn dhomh na faireachdainnean agam fhèin a chur an cèill.

Cuspair 7: Fastadh | Employment

1.1	Cùmhnantan obrach	Thèid do phàigheadh dìreach dhan chunntas bhanca air an latha-obrach mu dheireadh de gach mìos. Gheibh thu bileag-pàighidh gach mìos a tha a' sealltainn an tuarastail agad agus suim sam bith a chaidh a thoirt dheth. 'S e cùmhnant làn-ùine / pàirt-ùine leantainneach a tha seo. Feumar na saor-làithean a ghabhail sa bhliadhna air neo thèid an call. Poileasaidh tinneas Sgeama Peinnsein
1.2	Rèim-chainnte	Cànan foirmeil agus neo-fhoirmeil – riaghailtean gràmar, structaran is eile. Cleachdadh cànan iomchaidh ann an diofar shuidheachaidhean.
1.3	A' bruidhinn air na rudan a bu chòir dhut dèanamh	Tha tòrr obrach agam ri dhèanamh . Tha deuchainnean agam ri cheartachadh . Tha aithisg agam ri sgrìobhadh. Feumaidh mi...
1.4	A' cleachdadh ri sa ghuth fhulangach	Bidh obair ri dèanamh. Tha deuchainnean rin ceartachadh. Tha aithisg ri sgrìobhadh.
1.5	A' chleachdadh ghnìomhairean a tha faisg air a chèile	Stad / Sguir de – Stad sinn aig a' bhanca. Stad ort! Cuir stad air cuideigin. Feumaidh sinn sgur a (de) dh'obair an ceartuair. Sguiridh mi den chleachdadh seo. Thuirt an dotair ris gum bu chòir dha sgur a dh'obair. Bhruidhinn i gun sgur... Iarr air / Faighnich de/do – Dh'iarr mi air a' bhalach am pròiseact a thòiseachadh an-diugh. Dh'fhaighnich mi ceist dha/dheth.
1.6	Deasbad: Cothromachd is Calpachas, Aonaidhean Obrach, Prìobhaideachadh	Am biodh còraichean cho math aig luchd-obrach mura biodh Aonaidhean-ciùird air iomairt a dhèanamh air an son? A bheil companaidhean mòra eadar-nàiseanta a' lagachadh còraichean an luchd-obrach?
1.7	Gnàthasan	'S e obair mu làimh a tha sin. Air a cheann fhèin Às a cheann fhèin a' cur na cheann Tha an obair a' dol an ceann Chan eil cùl innte! Air làrach nam bonn Tha e am bun na h-obrach. 'S e obair chruaidh a th' innte Tha cruaidh fheum air ... Tha an gnìomhachas a' ruith air mì-shealbh. Cò i an obair ris an robh thu ann an Glaschu?
Gràmar RI gnìomhach - Tha rudan agam ri dhèanamh. Tha deuchainnean aca ri sgrìobhadh. RI fulangach – Bidh obair ri dèanamh. Tha deuchainnean rin sgrìobhadh. Gnìomhairean a tha faisg air a chèile – stad & sguir de iarr air & faighneachd de/do Ath-aithris:		Briathrachas Ainmearan: sgeama peinnsein, neach-fastaidh, a dh'aona-ghnothach, conaltradh, dleastanasan, saor-làithean, dreuchd, poileasaidhean, càileachd, inbhe, ceannardas Gnìomhairean: a' fastadh, feum air, obrachadh ann an co-bhoinn ri __, a' leasachadh, cuir an gnìomh, a' coileanadh, a' cumail smachd air...

• Cuir cuideam air rudan – mo bhràthair-sa, agamsa, bhuamsa	• Buadhairean: iomchaidh & mì-iomchaidh,
Gnàthas-cainnte / Seanfhacail / Òrain • Tuarastal a' cheàird - pàigheadh roimh làimh. • Tuarastal na circe, lan a sgròbain. • Is luaithe gnìomh na tuarastal • Gille gun bhiadh gun tuarastal, cha bhi e uair gun mhaighstir.	
Abairtean Comais (CEFR/FICE) ➤ Is urrainn dhomh cùmhnantan obrach a thuigsinn. ➤ Is urrainn dhomh coimeas a dhèanamh air cùmhnantan obrach. ➤ Is urrainn dhomh beachdachadh air an eaconamaidh is cothromachd. ➤	

Cuspair 8: Eacarsaich | Exercise

1.1	A' Chorp & Fallaineachd	Aodann, druim, stamag, òrdag, corrag, amhach, gàirdean, cridhe, imleag, teanga, adhbhrann, alt, adha, cruachann / cruachnean, cnàmhan, aisean / aisnean, gualann / guailnean
1.2	A' bruidhinn air co-fharpaisean spòrs	Tha mòran / grunnan eacarsaichean eadar-dhealaichte. Thèid iomadh co-fharpais spòrs a chumail gach ceithir bliadhna. Tha dòrlach / meall math de phrògraman spòrs air an telebhisean. A h-uile, gach, rud sam bith, càil...
1.3	A' meòrachadh air spòrs proifeiseanta	Dè cho math 's a bha e? Tha sin cho cosgail 's a tha sgioba na dùthcha! Mar as luaithe, 's ann as fheàrr. Mar as motha de gheamannan, 's ann as miosa a chluich iad.
1.4	A' cleachdadh air gnìomhach agus fulangach	Tha e air a ghoirteachadh . VS Tha e air a ghoirteachadh fhèin . Tha iad air mo shàrachadh . Tha an geama air a chluiche .
1.5	A' cuir aodach umad - MU	Chuir am balach còta uime nuair a chunnaic e a mhàthair le a còta uimpe .
1.6	A' bruidhinn air na rudan a tha math dhut	'S fheàrr dhut barrachd eacarsaich a dhèanamh aig an taigh. 'S fheuch e spòrs ùr a thòiseachadh. Cha b' fheuch e! 'S fheudar dhomh cuideam a chall – tha an dotair ag innse dhomh gu bheil mi mì-fhallain an-dràsta. Nan dèanainn barrachd ruith, chaillinn cuideam.
1.7	Deasbad: A bheil thu den bheachd gu bheil cuid de chluicheadairean spòrs proifeasanta a' cosnadh cus airgid?	
1.8	Gnàthasan	Na bi a' tighinn nam ghaoth! Rinn sinn a' chùis/an gnothach air. Ruith iad seachad aig peilear am beatha! Bha e thuige mar an radan. Bha anail na uchd às dèidh na rèise. Chan e ruith a rinn e ach leam! Nach math dhut! Gun taing dhut! Tha sinn ga dhèanamh ge b' oil leat. bun os cionn trumach air shearrach cas mu seach
Gràmar Iomlaid le Gnìomhairean fillte mòdach – 'S fheudar & b' fheudar 'S fheàrr do & b' fheàrr do 'S fheuch & b' fheuch Àireamh/Meud - <i>Mòran, iomadh, dòrlach, grunnan, a h-uile, gach, rud sam bith, dad</i> Abairtean le 'S ANN - Mar as luaithe, 's ann as fheàrr mar as motha, 's ann as miosa. Buadhairean le IS & BU – Is beag / Bu bheag, Cha mhòr, Is fhada / B' fhada, Is gann / Bu ghann, Is math / Bu mhath, Is tric / Bu thrice MU – Cuiridh mi mo chòta umam. An do chuir iad brògan umpa?		Briathrachas Ainmearan: Geamannan a' Cho-fhlaitheis, geamannan singilte & dùbailte, coitcheann, lùth-chleasachd, soirbheas, toradh, làmh-an-uachdair, Gnìomhairean: a' sìneadh, a briseadh, gluasad, trèanadh, ullachadh, gleusadh, soirbheachadh, buannaich, coisinn, Buadhairean:

Ath-aithris: • Tràth coileanta gnìomhach + fulangach le AIR – Tha iad air mo nàireachadh. Tha mi air mo ghoirteachadh / Tha mi air mo ghoirteachadh fhèin. • Nan / Nam leis an tràth chumhach – Chaillinn cuideam nan dèanainn barrachd eacarsaich!	
Gnàthas-cainnte / Seanfhacail / Òrain • Cha mhiste gnìomh math a dhèanamh da uair. • Bidh mir a' ghille èasgaidh air gach mias. • Searrach seann òigich cha robh e a-riamh sgairteil.	• Is minig a thàinig nighean leisg o mhàthair èasgaidh. • Is fheàrr am fear foghainteach feargach na am mìn-chealgair 's e ro chiùin. • Bha sìneadh saoghail aige.
Abairtean Comais (CEFR/FICE) ➤ Is urrainn dhomh bruidhinn air eacarsaich agus fallaineachd. ➤ Is urrainn dhomh a ràdh dè tha math is nach eil math do dhaoine. ➤ Is urrainn dhomh bruidhinn air an aodach a bu chòir a bhith air daoine airson spòrs is eacarsaich. ➤	

Cuspair 9: Aoigheachd | Hospitality

1.1	a' dol a chèilidh	Thug iad aoigheachd dhuinn. An tèid thu dhan phàrtaidh às m' aonais? Tha sinn a' dol a chèilidh air ar nàbaidhean. Tha sinn a' dol a choinneachadh ri... Tha e math d' fhaicinn. Feumaidh tu cèilidh a chumail. 'S fheàrr dhomh falbh an-dràsta. Tha mi a' dol air ais a chadal.
1.2	biadh is deoch - còcaireachd is aoigheachd Air cùlaibh + Às aonais	A' dol a dhèanamh / Chaidh lain a shnàmh. / Thàinig Eilidh a chèilidh oirnn. / a' dol a chadal Bidh sinn gan cumail air cùlaibh an taighe . Bidh iad ann àiteigin air cùlaibh nam preasan . Cha dèan thu brochan às aonais an salainn , an dèan?! Na bi a' dol dhan Eadailt a-rithist às m' aonais , tha mi airson tighinn còmhla riut.
1.3	Tha mi duilich a chluinntinn gu bheil...	Ro-thilleadh: Tha mi toilichte a chluinntinn gum bi... Tha mi duilich a ràdh nach bi a' chèilidh a' tachairt a-nis. Tha thu ag iarraidh orm a chreidsinn nach eil thu ag èisteachd. Ais-thilleadh: Seo an naidheachd a bha sinn ag iarraidh a chluinntinn . Bha sibh a' bruidhinn ris na daoine a tha mise ag iarraidh a chluinntinn . Sguir a bhith a' bruidhinn air amannan a tha mi ag iarraidh a dhìochuimhneachadh
1.4	Am modh àithneach san treas phearsa	Togamaid oirnn ma-thà! Falbhamaid còmhla Dèanamaid sin! Èisteamaid a-rithist ris! Faiceam sin a-rithist. Rachamaid Ithim e Itheamaid Dannsamaid bho moch gu dubh! + Leig leam dinnear a dhèanamh. Leig leis a dhol dhachaigh. Leig leotha sin ithe.
1.5	Deasbad: Am b' fheàrr leat a bhith aig pàrtaidh no aig an taigh leat fhèin le leabhar no film?	
1.6	Gnàthasan	Na leig ort! Tha mi loma làn. Tha mi buidheach, tapadh leat. Cha robh an tì ach flodach! Tha sinn mòr aig a chèile. Chuir e fàilte is furan orm, mar bu dual do smior a' Ghàidheil
Gràmar An roimhear fillte – air cùlaibh, às aonais Buadhairean Sealbhach le ainmearan gnìomhaireach – Ais-thilleadh & Ro-thilleadh: <i>Tha mi toilichte a chluinntinn gu bheil...</i> Am modh àithneach – Faiceam sin a-rithist. Rachamaid. Ithim e. Ath-aithris: - Gnìomhairean Gluasadach + A(DO): A' dol a dhèanamh / Chaidh lain a shnàmh. / Thàinig Eilidh a chèilidh oirnn. / a' dol a chadal		Briathrachas Ainmearan: Gnìomhairean: Buadhairean:

Gnàthas-cainnte / Seanfhacail / Òrain

- Is math an t-aoigh a thig sonas ri linn.
- Is olc an t-aoigh as miste an taigh.
- Furain an t-aoigh a thig, greas an t-aoigh a tha a' falbh.
- A' chiad sgeul air fear an taighe, 's gach sgeul gu latha air an aoigh.
- An uair as fheàrr an cluich, 's fheàrr sgur.
- Is fheàrr sgur na sgàineadh (ach 's e sgàineadh as iomraitiche).

Abairtean Comais (CEFR/FICE)

- Is urrainn dhomh bruidhinn air planaichean is rudan a nì mi.
- Is urrainn dhomh aoigheachd a thoirt do dhaoine is bruidhinn air biadh is àitichean-fuirich.
- Is urrainn dhomh iarraidh air daoine eile rudan a dhèanamh.

Cuspair 10: Ionmhas | Finance

1.1	àireamhan is cunntadh – deicheach agus ceudadan	Tha ìre na h-atmhorachd air èirigh [9.6%] naoi puing sia às a' cheud Tha an àireamh de dhaoine a tha a' sireadh obair air tuiteam [4.7%] ceithir puing seachd às a' cheud .
1.2	airgead, cìsean, pàigheadh	Phàighite barrachd chìsean le daoine beartach nan cuirte cìs talmhainn an gnìomh ann an Alba. Bhite an dùil gun tuiteadh ìre na h-atmhorachd nan...
1.3	Abairtean roimhearach le RI agus DE	Tha a' Chomhairle gann de dh'airgead Tha an sgoil gann de thidsearan Tha a' chompanaidh a' gabhail ris a' chàin a chuireadh oirre leis an ùghdarras.
1.4	A' bruidhinn air fiachan	Tha deich not agam ort! Thoir dhomh e. A bheil dad agad orm? A bheil sinn ann am fiachan mòra?
1.5	Deasbad: bancairean agus an eaconamaidh	A bheil aon riaghailt ann do bhancaichean mòra agus riaghailt eile do chompanaidhean beaga?
1.6	Gnàthasan	Tha gròta a dhìth air an tastan air! Tha esan not a dhìth na sgillinn. Deich sgillinn an urra Cha ghabhadh e sgillinn ruadh no geal bhuam. Chosgadh sin deagh-sgillinn. Cuir luach nan ceudan not ris airson fiach not
Gràmar An tràth cumhach fulangach, riaghailteach – <i>Phàighite..., Mar a bhite an dùil, Chuirte cìsean...</i> Na tuislean agus atharrachadh ainmearan – vowel change, slenderisation, removing slenderisation, irregular, proper nouns. Abairtean roimhearach le RI agus DE – an dùil ri, gabh ri, gann de, Ath-aithris: - Àireamhan		Briathrachas Ainmearan: atmhorachd, riadh, in-ionmhais, tasgadh, àirleas, bloigh Gnìomhairean: a' pàigheadh, a' cosg, ag obrachadh a-mach, a' sàbhaladh, Buadhairean:
Gnàthas-cainnte / Seanfhacail / Òrain - Gnothach duine gun chèill, a' dol gu fèill gun airgead. - Is e an ciall-ceannaich as fheàrr - Am fear nach glèidh an sgillinn, cha bhi an gini aige.		- Is fheàrr iarann fhaotainn na airgead a chall. - Cha ruig fuachd air airgead-iomairt. - Is fheàrr aon ghliocas ceannaich na dithis (no dhà dheug) an asgaidh.
Abairtean Comais (CEFR/FICE) ➤ Is urrainn dhomh bruidhinn air airgead is fiachan. ➤ Is urrainn dhomh pàirt a ghabhail ann an còmhraidhean air an eaconamaidh is malairt. ➤ Is urrainn dhomh àireamhan a chleachdadh airson cunntadh.		

Cuspair 11: Poilitigs | Politics

1.1	Briathrachas na Pàrlamaid	Bilean agus laghan Seòmar – Aithisg Oifigeil – 'S e an Seòmar an t-àite far an coinnich na BPA (Buill-phàrlamaid na h-Alba) uile gus deasbad agus gus co-dhùnaidhean a dhèanamh. Comataidhean – B' urrainn dha daoine pàirt a ghabhail anns na comataidhean Bhòtaichean agus Gluasadan Ceistean is freagairtean
1.2	Aithrisean Naidheachd	Sgrìobhadh Achd ùr. Thathas air Achd ùr a sgrìobhadh. Bhathar a' sgrìobhadh Achd. Tha Achd ùr air a sgrìobhadh. Aogas: Sgrìobh iad achd ùr = Tha iad air achd ùr a sgrìobhadh. Tha iad a' sgrìobhadh achd ùr = Tha iad air a bhith a' sgrìobhadh achd ùr.
1.3	Rèim-chainnte	Cleachdadh cànan ann an diofar shuidheachaidhean – sùil air gràmar foirmeil agus cleachdadh làitheil. M.E. gnìomhairean fulangach is gnìomhach.
1.4	Siostaman bhòtaidh -	https://www.bbc.co.uk/bitesize/guides/z3cfcwx/revision/1
1.5	Fa chomhair	Chaidh an t-achd fa chomhair na Pàrlamaid an-diugh. Tha lùchairt fa chomhair na Pàrlamaid ann an Dùn Èideann. Bha an togalach dìreach fa mo chomhair gun fhiosta dhomh! Seall, sin iad fa do chomhair!
1.6	An tràth cumhach fulangach, neo-riaghailteach	Chìte tòrr dhaoine a' togail fianais nan cuirte cìsean an àirde. Gheibhear tòrr fiosrachaidh oifigeil sa Ghàidhlig. Gheibhte barrachd nam biodh achd Gàidhlig aig Westminster.
1.7	Deasbad: neo-eisimeileachd do dh'Alba, an t-Aonadh Eòrpach	Àireamhan às a' cheud - staitistearachd
1.8	Gnàthasan	Chaidh iad a-mach air a chèile. Chan eil esan ach leam leat. Cò air a tha iad a-mach? Bha iad am bad a chèile. Tha ... a' cumail a-mach ... Tha ... a' cumail ceann a' mhaide ri ... Tha mi coma de ... Tha ... troimh-a-chèile Tha iad uile às an rian Chaidh an ceòl air feadh na fìdhle! Bha iad uile aig amhaichean/ugannan a chèile. an glaic a chèile 'S e bristeadh dùil a th' anna.
Gràmar An tràth cumhach fulangach, neo-riaghailteach – Chìte, Gheibhte Roimhearan fillte - FA CHOMHAIR Aogas Aspect – Sgrìobh iad Achd ùr. = Tha iad air Achd ùr a sgrìobhadh. Bha iad a' sgrìobhadh Achd. Rèim-chainnte Register – gnìomhairean fulangach is gnìomhach Ath-aithris: - Àireamhan (a-rithist) – sa cheud		Briathrachas Ainmearan: taghadh, Gnìomhairean: riochdaich, ainmean nam pàrtaidhean, Buadhairean:

Gnàthas-cainnte / Seanfhacail / Òrain

- Is fhurasta a chur a-mach, fear gun an taigh aige fhèin.
- Is fhurasta clach fhaotainn gu tilgeadh air cù.
- Cha b' e cheannach a rinn e.

Abairtean Comais (CEFR/FICE)

- Is urrainn dhomh aithrisean naidheachd a thuigsinn.
- Is urrainn dhomh beachdachadh air aithrisean naidheachd is sgeulachdan poilitigeach.
- Is urrainn dhomh deasbad a chumail air beachdan poilitigeach.

Cuspair 12: Leigheas | Medicine

1.1	Briathrachas meidigeach	Leigheas, losgadh-bhràghad, brùthadh-fala, seargadh-inntinne, doille-fhacal, breisleach, fuil os-shiùcrach, siostam ion-dhìon, cuisle, fèith-fhala, greim-cridhe, tinneas sìor-bhuan, tinneas an t-siùcair, ceallan ion-dhìon, cadal-deilgneach, meileachadh.
1.2	Leigheasan is slàinte - Ciamar a tha a' dol dhut?	Tha mi a' faireachdainn nas fheàrr an dèidh dhomh biadh ithe. Chan eil mo cheann goirt an dèidh dhomh pilichean a ghabhail. Thèid agam air ruith a-rithist an dèidh dhomh obair-lannsa fhaighinn. Tha mi nas fheàrr às dèidh dhomh biadh a ghabhail.
1.3	A' dol am feabhas	Buadhairean sa cheum bhuadhach – a' dol am feabhas / am miosad + le buadhairean eile: an gilead an duibhead an tighead an lughad an mothad [<i>geal – gile – gilead</i>] B' fheàirde thu beagan fois/bìdh/cadail. B' fheàirde mi sin! 'S fheàirde daoine gàire. Cha bu mhiste e sin Cha mhiste thu beagan coiseachd. Cha bu mhiste thu drùdhag eile! [<i>geal – gile – gilde</i>]
1.4	Nam bhroinn	Tha pian nam bhroinn / am broinn mo stamaig / am broinn mo chinn .
1.5	Deasbada: smocadh/òl	
1.6	Riochdair roimhearach – tro	Tha cràdh a' dol tromham. Chaidh am biadh troimhe. Chaidh e trom cheann/ghlùin/chas.
1.8	Gnàthasan	Bidh an tablaid/na pileachan a' ruith air an uisge . Tha an leigheas a' dol a dholaigh . Tha piseach a' tighinn air. Thuit e an comhair a chinn. Thuit e an comhair a chùl. Thuit mi air mo cheann dìreach. Thuit mi air mo dhruim dìreach. Thuit i air a beul fodha. Chuir e tuaitheal mi! Chuir sin an tuaineal orm. leth-choise/làimh/shùil
Gràmar Buadhairean sa cheum bhuadhach – gilead tighead lughad + Am feabhas / Am miosad Buadhairean sa cheum fhàthach – 'S fheàirde / B' fheàirde An roimhear fillte – AM BROINN Ath-aithris: - Abairtean roimhearach le DO – an dèidh dhomh, a' dol do, fa-near do - An roimhear - TRO		Briathrachas Ainmearan: Gnìomhairean: Buadhairean:
Gnàthas-cainnte / Seanfhacail / Òrain - Leigheas air leth, losgadh. - Mar as lugha a theirear, 's ann as fhasa leighear.		- Ùilleadh na bà a-mach 's a-steach, mura leighis sin an Gàidheal, chan eil a leigheas ann. - An rud nach leigheis ìm no uisge-beatha, chan eil leigheas ann.

Abairtean Comais (CEFR/FICE)

- Is urrainn dhomh duilgheadasan slàinte is leigheasan a bhios mi a' gabhail.
- Is urrainn dhomh bruidhinn air trioblaidean slàinte is fuasglaidhean air an son.
- Is urrainn dhomh beachdachadh air cleachdaidhean cronail dhar slàinte, smocadh is eile.

Cuspair 13: Fèisean | Festivals

1.1	Barrachd air fèisean traidiseanta	Chùm na daoine a chaidh thar a' chuain dualchas na Gàidhlig beò. Bidh tòrr fhèisean a' tachairt rè an t-samhraidh . Bidh daoine bho air feadh an t-saoghail a' tighinn chun nam fèisean .
1.2	Mo thogail-sa	Bidh agad ri mo thogail-sa cuideachd. Feumaidh mi do thogail-sa sa bhad! Chan eil againn ri an creidsinn-san . Bha e math a faicinn-se . Tha iad toilichte ar cuideachadh-ne leis an obair.
1.3	Fèisean ionadail is eile	Fèis Rois, Fèis an Earraich, Fèis Thròndairnis, Fèis Ghàidhlig Ghlaschu, Fèis Tìr an Eòrna... Fèisean - Fèisean nan Gàidheal (feisean.org)
1.4	Is math fhaicinn gum bi fèis ann	Ro-thilleadh: Tha mi air bhioran a chluinntinn gun tèid an fhèis air adhart. Nach math fhaicinn gum bi fèis ann a-rithist! Ais-thilleadh: Sin an fhèis a bha sinn ag iarraidh fhaicinn . Tha iad a' coimhead air na daoine a tha mise ag iarraidh a choimhead . Na bruidhinn air na daoine a tha mi ag iarraidh a sheachnadh .
1.5	Deas-ghnàthan	
1.6	Feumaidh mi an fhèis fhàgail	Feumaidh mi an fhèis fhàgail Feumaidh mi falbh Tha mi a' falbh a dh'àiteigin ùr. Tha mi air an seann àite fhàgail air mo chùlaibh.
1.7	Deasbad: A bheil sinn a' cosg cus airgid air bainnsean	
1.8	Gnàthasan	Nach buidhe dhut! Nach ann dhut a rug an cat an cuilean! Chaidh iad sìos an trannsa an chlaisean a chèile Agus a leithid ceudna dhutsa!
Gràmar Cuideam le buadhairean sealbhach – <i>Feumaidh sibh mo thogail-sa sa bhad!</i> Buadhairean càileach air thoiseach air an ainmeir – <i>deagh chòmhlan, sàr chluicheadair</i> Roimhearan leis a' ghinideach – THAR & rè, chun (a-rithist) Buadhairean Sealbhach le ainmearan gnìomhach – Ais-thilleadh & Ro-thilleadh: <i>Tha mi air bhioran a chluinntinn gun tèid an fhèis air adhart.</i> Ath-aithris: - Gnìomhairean a tha faisg air a chèile – FÀG / FALBH		Briathrachas Ainmearan: Gnìomhairean: Buadhairean:

Gnàthas-cainnte / Seanfhacail / Òrain

- Là Fhèill-Brìghde bàine, bheir na cait an connadh dhachaidh.
- Là Fhèill-Brìghde thig an rìbhinn as an toll; cha bhean mise dhan rìbhinn, 's cha bhean an rìbhinn rium.
- Là Fhèill-Eòin as t-Samhradh, thèid a' chuthag gu a taigh Geamhraidh.
- Là Fhèill-Eòin, their iad aighean ris na gamhna.
- An sneachd nach tig mu Shamhain thig gu reamhar mu Fhèill-Brìghde.

Abairtean Comais (CEFR/FICE)

- Is urrainn dhomh

Cuspair 14: Coimhearsnachd | Community

1.1	Àitichean cruinneachaidh	Talla coimhearsnachd, bùithtean, ionad-spòrs, eaglais, cafaidhean, taighean-seinnse, msaa
1.2	Dè th' ann an coimhearsnachd?	Dè tha coimhearsnachd a' ciallachadh dhutsa? – Daoine a chumas taic riut? Nàbaidhean a bheireadh lioft dhut a dh'àiteigin, no a bheireadh beagan siùcair no uighean dhut mura robh iad agad? An toireadh tusa rudan dha na nàbaidhean agadsa? Càit am bi thu a' bruidhinn ri daoine sa choimhearsnachd? Aig a' bhùth, Oifis a' Phuist, ionad-spòrs no amar-snàimh, aig an eaglais no sgoil?
1.3	Dè seòrsa coimhearsnachd?	An e coimhearsnachd chàirdeil a th' innte ? / An e togalach mòr brèagha a th' ann ? / An e eaglais bheag àlainn a th' innte ? / An e daoine laghach a th' ann ? / 'S e tràighean air leth a th' ann . / 'S e sgoil mhath ionadail a th' innte . Dè th' ann ? 'S e coimhearsnachd a th' ann . 'S e coimhearsnachd air leth a th' innte cuideachd.
1.4	Deasbad: A bheil coimhearsnachd fhathast ann?	
1.5	Saor-thoileachas is obair coimhearsnachd	An dèanar obair shaor-thoileach sa choimhearsnachd fhathast mar a rinneadh sna seann làithean? Nithear Cha dèanar . / Am faicear daoine ag obair còmhla sa choimhearsnachd mar a chitheadh? Chithear Chan faicear . / An cluinnear sgeulachdan is beul-aithris cho tric san latha an-diugh? Cluinnear Cha chluinnear .
1.6	Coimhearsnachd air-loidhne	An tug an glasadh-sluaigh cruth-atharrachadh air coimhearsnachd? Bha sinn a' dèanamh barrachd air-loidhne, ach air an làimh eile bha daoine cuideachd a' cuideachadh a chèile, a' toirt biadh do dhaoine a bha gan dìon fhèin aig an taigh.
1.7	Gnàthasan	Chan eil dol às agad. Dèan thu fhèin aig an taigh, is e làn dì do bheatha!
Gràmar An tràth teachdail fulangach, neo-riaghailteach - Chithear... Cluinnear... Nithear Ath-aithris: - Cleachdadh: a th' ann / a th' innte / a th' annta		Briathrachas Ainmearan: Gnìomhairean: Buadhairean: saor-thoileach
Gnàthas-cainnte / Seanfhacail / Òrain - Is fheàrr coimhearsnachd am fagus na bràthair fad o làimh. - Is fheàrr coimhearsnachd mhath sa bhaile seo, na caraid anns a' bhaile ud thall.		- Is fheàrr cùl caraid na aghaidh coimhich. - Seachnaidh duine a bhràthair, ach cha sheachain e a choimhearsnachd.

Abairtean Comais (CEFR/FICE)

- Is urrainn dhomh beachdachadh air a' choimhearsnachd agam fhèin.
- Is urrainn dhomh beachdachadh air coimhearsnachd san fharsaingeachd.
- Is urrainn dhomh mìneachadh dè tha coimhearsnachd a' ciallachadh dhòmhsa.
- Is urrainn dhomh bruidhinn air mar a tha coimhearsnachdan air atharrachadh.
- Is urrainn dhomh feartan na coimhearsnachd a mhìneachadh.

Cuspair 15: Fànas | Space

1.1	Planaidean ann an Teaghlach na Grèine	Teaghlach na Grèine: A' Ghrian, Mearcar, Bhèineas, A' Ghealach, An Talamh, Màrs (<i>Corg</i>), Iupatar (<i>am Bliogh</i>), Satarn (<i>Rionnag nan Roth</i>), Ùranas, Neaptun, Plùto Grian mun iadh planaidean / Shiubhail e an saoghal mun iadh a' ghrian / Bha e anns gach àite san iadh a' ghrian
1.2	Sùil mhionaideach air na planaidean is air a' ghrèin againne.	[An Crios-Grèine Foghar 2006 BBC Alba] An Talamh - mòr-thìrean, rùsg na Talmhainn, clonadh na Talmhainn, reul-chuairt eileapsach, cruthan-tìre, làbha, bruthadh-àile ìosal, raon magnaiteach, saideal, bacadh-èadhair, speuradairean, àile, iom-tharraing, dreag
1.3	Deasbad: An rèis fànais ùr, am bu chòir daoine beartach a bhith a' dol don fhànas?	
1.4	Reul-eòlas - Na Grioglachanan agus an reul-chrios	Slighe Chlann Uisnich, An Sealgair Mòr, Crios an t-Sealgair, An Crann, An Seachdaran, An Reul-iùil, A' Chathair, Am Madradh Mòr, A' Chrois-tara, A' Chruit, An Corran, Am Fear-giùlain Uisge, A' Mhaighdeann, A' Bheithir, An Ceintear, A' Mhial Mhòr, An Giùlanair-nathrach, An Ainneamhag
1.5	Puingean is briathrachas às a' phrògram seo	The stars and the skies - Na rionnagan agus na speuran - WatchGaelic - LearnGaelic [<i>chan eil an tar-sgrìobhadh aca earbsach idir nì sinn fhèin fear</i>] "Bhathas a' creidsinn nan gairmeadh coileach aig àm mì-nàdarrach, can an dèidh meadhan-oidhche, gun robh sin na dhroch chomharra ."
1.6	An tràth cumhach/gnàthach fulangach	Am bite a' toirt barrachd aire do na reultan anns na seann làithean? Bhite Cha bhite . Am bite a' creidsinn gun toireadh gluasad nan reultan buaidh air beatha mac an duine? Bhite Cha bhite . Am faicte na reultan na bu shoilleire mura biodh an uimhir de sholas sràide ann? Chìte Chan fhaicte .
Gràmar An tràth cumhach/gnàthach fulangach Ath-aithris: - Clàsan roimhearach: ... mun iadh a' ghrian, ... dhan deach mac an duine, ...		Briathrachas Ainmearan: planaidean, grioglachanan, briathrachas teicnigeach Gnìomhairean: iadh, ag iadhadh Co-gnìomhairean:
Gnàthas-cainnte / Seanfhacail / Òrain B' e sin an reul 's an oidhche dhoilleir.		Thoir thusa rionnag às an speur, 's bheir mise nuas tè eile.

Abairtean Comais (CEFR/FICE)

- Tha mi eòlach air ainmean nam planaidean.
- Is urrainn dhomh bruidhinn air reul-eòlas.
- Is urrainn dhomh mo bheachd a thoirt seachad air siubhal sna speuran.
- Is aithne dhomh cuid de na grioglachanan is an ainmean sa Ghàidhlig.
- Is urrainn dhomh bruidhinn air a' phlanaid againn fhèin.

Cuspair 16: Litreachas | Literature

1.1	Litreachas na Gàidhlig	Briathrachas: geàrr-chunntas, ro-ràdh, facal-toisich, lèirmheas, litreachadh, litreachas, litearrachd, caibideil, paragraf, seantans, rosgrann, earrann, ceann-caibideil, ceann-cuspair, taobh-duilleige: t.d., caractar, co-chòmhradh, sgrìobhainn, rosg, uirsgeul, neo-fhicsean
1.2	Sgrìobhadairean na Gàidhlig	Tha cuid a' cumail a-mach gur e cànan labhairteach a th' anns a' Ghàidhlig, ach chan eil sin fìor idir. Bhathar a' sgrìobhadh sa Ghàidhlig Albannaich co-dhiù cho fada air ais ris an dàrna linn deug. Tha leabhar cudromach don ainm <i>Rosg Gàidhlig</i> a' sealltainn sgrìobhadh sa Ghàidhlig bhon deicheamh linn gus am ficheadamh linn. <i>Beagan mu na sgrìobhadairean ainmeil:</i> Iain Mac a' Ghobhainn is Aonghas Pàndruig Caimbeul.
1.3	Sgeulachdan goirid sa Ghàidhlig	<i>Droch Àm dhen Bhliadhna, le Pòl MacAonghais:</i> ... bu ghann a thàr e nall às an eilean 's an làn reothairt a' tighinn 'na dheann . Fhuair e nall..., dìreach mun do dhùin an fhadhail. Deich mionaidean eile 's bha thu bàite , cinnteach. 's e airson na b' urrainn dha de dh'astar a dhèanamh mun dorchnaicheadh i . Bhiodh ... a' ghaoth 'na chùl aige an uair sin. Shaoil e gun dèanadh e an Tobhta dheth Feuch a neisd Cha robh esan ach mu dhà bhliadhna nuair a chailleadh athair .
1.4	Deasbad: Ceist mun sgeulachd ghoirid.	
1.5	Sgrìobhadh crìoch don sgeulachd ghoirid.	Stòrlann - Càird an Sgrìobhaiche - Shared writing in Gaelic (storlann.co.uk)
1.6	Gnathasan	Ge b' e de bu choireach...
Gràmar - Stoidhle sgrìobhaidh - Rèim-chainnte - Naisgearan, ceanglaichean is riochdairean. <i>Cohesive devices, Shades of meaning, Accuracy, Ambiguity</i>		Briathrachas Ainmearan: Gnìomhairean: litrich, tar-sgrìobh, ath-sgrìobh, tàr, dorchnaich, tiormaich Buadhairean:
Gnàthas-cainnte / Seanfhacail / Òrain - Chan e na leughar a nì foghlaimte ach na chuimhnichear. - Tuigidh fear-leughaidh leth-fhacal.		
Abairtean Comais (CEFR/FICE) ➤ Is urrainn dhomh leabhraichean Gàidhlig a leughadh. ➤ Tha beagan eòlais agam air saoghal litreachais na Gàidhlig. ➤ Is urrainn dhomh sgeulachdan goirid a sgrìobhadh. ➤ Is urrainn dhomh mo bheachd a thoirt seachad air litreachas Gàidhlig. ➤ Tha mi a' tuigsinn mar a chuireas leughadh ris na sgilean Gàidhlig agam fhèin.		

Cuspair 17: Seanchas | Storytelling

1.1	Seanachas ann an saoghal na Gàidhlig	Bidh sinn a' seanchas fhathast Chuireadh i blas air a seanchas! Tha seanchas agam air... Tha e a' seanchas ri lain
1.2	Gnìomhairean ùra	Na làithean a dh'aom / Dh'aom i leis / Na bliadhnaichean a dh'aom Tha na ballaichean ag aomadh is am mullach ag aoidion !
1.3	Sgeulachdan is Seanchas - Tobar an Dualchais	Pìobaire Òg Uibhist A Deas. A' Mhaighdeann-Mhara. 1013 Shared text.indd (storlann.co.uk)
1.4	B' e siud an rud bu mhotha...	Bhiodh iad fada na bu mhisneachaile na b' fhallaine na b' fheàrr dheth sna làithean sin. Cheannaicheadh iad a' chèic a bu mhotha a chitheadh iad. B' e siud an latha a bu mhiosa den gheamhradh...
1.5	Tòimhseachain	Thèid e dhan mhuir is cha bhàthar e, thèid e dhan chiste is cha mhùchar e, thèid e dhan teine is cha loisgear e, is thèid e gu bòrd an rìgh is cha bhi nàire air. [A' ghrìan] Cha mhac athar, no màthar dhomh e, cha mhac peathar, no bràthar dhomh e, ach b' e mo mhàthair bu mhàthair do mhàthair a' ghille. [a mhac fhèin] is msaa...
1.6	Gnàthasan	Dèan seanchas Dèan suidhe a-steach ris an teine Bha latha a rachadh agam air an sgeul aithris. sùil a chaisgeadh searrach bha iad ri far-cluais aig an uinneig dubh dorch, marbh na h-oidhche a' seasamh air a chorrà biod a' cur às a chorp beul gun phutan a' toirt a chreids gun fhiosta mar chlach às an adhair siubhal gun siùcar chaidh mi a chochall mo chridhe! Bha mi air chrith air mo chnàmhan. Cha d'fhuair an seanchas a bha aige mòran cluaise.
Gràmar - Ginideach iolra - Ginideach le ainmean/sloinnidhean - Gràmar bho na sgeulachdan - Buadhairean san tràth chaithte – a/na ... bu mhotha, b' fheàrr, bu miosa, bu lugha, msaa.		Briathrachas Ainmearan: Gnìomhairean: aom, ag aomadh, ag aoidion, èalaidh, ag èaladh, tuislich, a' tuisleachadh Buadhairean:
Gnàthas-cainnte / Seanfhacail / Òrain Geamhradh reòhtach, Earrach ceòthach, Samhradh breac-riabhach, 's Foghar geal grianach, cha do dh'fhàg gorta a-riamh an Alba.		- Cha bu lugha leam na thàmailt gun cuirinn mo bheul ann an seanchas cho suarach. - Is fheàrr na an t-òr sgeul innseadh air chòir

Abairtean Comais (CEFR/FICE)

- Is urrainn dhomh blas a chur air seachas.
- Is urrainn dhomh sgeulachdan aithris gu dealbhach.
- Tha mi eòlach air seachas is sgeulachdan bho dhualchas nan Gàidheal.
- Is aithne dhomh gnàthasan is seanfhacail a nochdas ann an sgeulachdan traidiseanta.

Cuspair 18: Craoladh | Broadcasting

1.1	Filmichean Gàidhlig Prògraman Teilidh / Rèidio	Briathrachas craolaidh: fo-thiotalan, thar-ghuthan, tar-sgrìobhadh, sgrìobt, preasantair, deasaiche, neach-deasachaidh... [craobh-sgaoileadh – craoladh]
1.2	Craoladh Gàidhlig	Prògraman ainmeil – Dòtaman Prògram Choinnich Dràma na Gàidhlig – Machair, Bannan, An Clò Mòr Filmichean – Seachd, Às an Eilean, msaa.
1.2	Obair aig a' BhBC / Anns an stiùidio: Fulangach Gnàthach le GA	Tha iad gam filmeadh an-dràsta, Bha na seinneadairean gan clàradh san stiùidio, Tha am prògram ga chraoladh a-nochd, Tha an t-òran sin ga chluiche an-dràsta air an rèidio, Tha na prògraman gan dèanamh san stiùidio.
1.3	Riochdair mar chuspair	Feumaidh sinn an clàradh airson a' phrògram, Tha agam ri d' fhilmeadh a-nis, Thèid agam air ur clàradh feasgar, Is urrainn dhuinn an dèanamh san stiùidio.
1.4	An t-Eadar-lìon is craoladh ùr, na meadhanan sòisealta agus FilmG	Criomagan bhon fharpais FilmG is fiosrachadh mu na duaisean.
1.5	Fealla-dhà - comadaidh sa Ghàidhlig	Bliadhna a' Bhèibidh (1) Watch Facebook / Watch Facebook FUNC / Ran Dan
Gràmar - Fulangach Gnàthach le GA – Tha mi gam clàradh - Riochdair mar chuspair – Feumaidh iad mo clàradh		Briathrachas Ainmearan: fo-thiotalan, thar-ghuthan, tar-sgrìobhadh, Gnìomhairean: craol, ath-chraol, clàraich, flim, lìbhrig Buadhairean:
Gnàthas-cainnte / Seanfhacail / Òrain Cha sgeul-rùin e 's fios aig triùir air.		Cha chleithheadh e sgeul a chrochaidh fhèin
Abairtean Comais (CEFR/FICE) ➤ Is urrainn dhomh coimhead air prògraman Gàidhlig. ➤ Tha mi eòlach air eachdraidh craoladh Gàidhlig is na prògraman ainmeil. ➤ Tha mi a' tuigsinn fealla-dhà is comadaidh sa Ghàidhlig. ➤ Is urrainn dhomh bruidhinn mu dheidhinn craoladh Gàidhlig is mo bheachd a thoirt seachad air.		

Cuspair 19: Ceòl is Òrain | Music and Songs

1.1	Òrain Ghàidhlig	Puirt-a-beul, Òrain Luaidh, Òrain Obrach, Òrain Mholaidh Rann, sèist, co-fhuaim, duan, fonn, ceathramh
1.2	Bliadhna nan Òran	Cuir An Fhidheall Air A' Bhòrd - BBC ALBA – Bliadhna nan Òran – Òrain : Cuir an Fhidheall air a' Bhòrd / Cidh an Fhidheall - Tobar an Dualchais <i>Chì mi 'n Tìr - Chì mi 'n tìr san robh</i> mi nam bhalach [Aogas làithreach le Chì = I see + clàs roimhearach san robh] Muile nam Fuar-bheann Mòra - Tobar an Dualchais
1.3	Is lughaide fearg fuireach	Buadhairean sa cheum bhuadhach agus fhàthach: [GGG t.d. 161-162] fliuch – fliche – flichead beag – lugha – lughad fliuch – fliche – flicheide beag – lugha – lughaide Chailin Òig A Stiùireamaiche - Tobar an Dualchais [B' fheàrrde]
1.3	Am Mòd	Fiosrachadh is briathrachas a' Mhòid, na co-fharpaisèan is eile. Criomagan air làrach-lìn a' BhBC.
1.4	Màiri Mhòr nan Òran	BBC ALBA – Bliadhna nan Òran – Òrain : Tha Mi Sgìth de Luchd na Beurla
1.5	Murchadh MacPhàrlain <i>Cenna Chaimbeul ? Màiri Nighean Alasdair Ruaidh? Sìleas na Ceapaich? Alasdair Mac Mhaighstir Alasdair?</i>	Cànan nan Gàidheal BBC ALBA – Bliadhna nan Òran – Òrain : Cànan nan Gàidheal Uaimh an Òir ? Crònan an Taibh by Màiri nighean Alasdair Ruaidh Mary MacLeod - Scottish Poetry Library
1.6	Gnàthasan	Is caol an teud às nach seinn e. Cha dèan sinn òran dheth. Gheibh thu air òran e. 'Tha biadh is ceòl an seo', mar a thuirt am madadh-ruadh, 's e a' ruith air falbh leis a' phìob. Ge math an ceòl feadaireachd, fòghnaidh dhuinn beagan deth!
Gràmar - Gnìomhairean le eisimpleirean às na h-òrain - Buadhairean sa cheum bhuadhach agus fhàthach		Briathrachas - Ainmearan: - Gnìomhairean: - Buadhairean:
Gnàthas-cainnte / Seanfhacail / Òrain - Bidh an t-ubhal as fheàrr air a' mheangan as àirde. - Dà cheathramh agus rann, is math am fonn òran!		Is mòr fiach na foighidinn, is lughaide fearg fuireach.

Abairtean Comais (CEFR/FICE)

- Tha mi eòlach air cuid de dh'òrain traidiseanta na Gàidhlig.
- Is aithne dhomh cuid de na seinneadairean Gàidhlig as ainmeile.
- Tha mi eòlach air na diofar stoidhlean de dh'òrain.

Cuspair 20: Dual-chainnt | Dialect

1.1	Na prìomh dhual-chainntean	Leòdhas Na Hearadh Uibhist a Tuath Uibhist a Deas Barraigh An t-Eilean Sgitheanach Muile is Earra-Ghàidheal Ìle – Mapaichean
1.2	Facail eadar-dhealaichte	Is toil / toigh / caomh le... Uisge / Bùrn Fiathachadh / Cuireadh ag ràdh / a' cantainn / a' canail / a' cantail a' cluinntinn / a' cluinneil / a' cluinnteil [+ a' cluinntinn / a' cluinnsinn] òran / amhran
1.3	Diofaran ann am fuaimneachadh	gheibh / gheo / gheobh coimhead / ceimhead bainne / beinne / boinne a' sgrìobhadh / a' sgrìo-adh, msaa.
1.4	Blas-cainnte / Dual-chainnt	Fuaimneachadh agus guth-chèol / ruitheam Ruitheam agus ceòl na Gàidhlig – caractar a' chànain mar a thuigeas sinn caractar na Fraingis / na h-Eadailtis.
1.5	Àireamhan	Na siostaman cunntais a-rithist: Trithead Fichead 's a deich Deich thar/air Fhichead naoi naodh naoidh 'naong'
1.6	GOC agus molaidhean gràmair aig DASG	Riaghailtean litreachaidh GOC agus molaidhean gràmair DASG
Gràmar - Gràmar "ceart" sùil air mar a tha riaghailtean / cleachdaidhean ag atharrachadh - Molaidhean DASG agus GOC - Briathrachas agus fuaimneachadh dual-chainnte - Àireamhan – na diofar siostaman is fuaimneachaidhean		Briathrachas Ainmearan: Gnìomhairean: Buadhairean:
Gnàthas-cainnte / Seanfhacail / Òrain - Is fheàrr deagh chainnt na h-asail no droch fhacal fàidh. - Am fear nach guth a ghuth, cha rath a rath. - Guth na cuthaige am beul na cathaige, 's guth na faoileige am beul na sgàireige.		
Abairtean Comais (CEFR/FICE) ➤ Is aithne dhomh na prìomh dhual-chainntean. ➤ Tuigidh mi prìomh feartan nan dual-chainntean. ➤ Tha mi a' tuigsinn ruitheam is ceòl na Gàidhlig labhairtiche. ➤ Tha mi eòlach air na tùsan airson litreachadh agus gràmar na Gàidhlig san latha an-diugh. ➤ Tha mi eòlach air cuid de na feartan litreachaidh a tha air atharrachadh agus a chithear ann an seann sgrìobhadh.		

Cuspair 21: Feallsanachd | Philosophy

1.1	Feallsanachd	modh-giùlain, giùlan, dol a-mach, beus, inntinn, fo-inntinn, inntinn-eòlas, comas-inntinn, trom-inntinn, AI - inntinn fuadain / tuigse innealta, reusanachas, beus-eòlas, feallsanaiche, coincheap, bun-smuain, teòiridh, teòiridh phoileataigeach, teòiridh cho-fheall, a rèir teòiridh, teòiridh na dàimheachd, teòiridh a' mhì-òrduigh
1.2	Dè th' ann am feallsanachd?	Feallsanachd – sgrùdadh na fìrinne Eipisteim-eòlas – sgrùdadh air dè an t-eòlas a th' againn agus ciamar a tha sinn eòlach air Feallsanachd-inntinn – sgrùdadh air nàdar na fìorachd Beusalachd – sgrùdadh air ceart is ceàrr Feallsanachd-mhaise – sgrùdadh air nàdar agus buaidh na h-ealaine
1.3	Dè ghabhas tuigsinn?	Dè ghabhas creidsinn? An gabh na tha sinn a' faicinn creidsinn ? Dè chanas sinn? An gabh e a ràdh gu bheil tuigse againn air an t-saoghal? Chaidh bun-stèidh feallsanachd an t-saoghail an iar a leasachadh leis na Grèigich. Tha feallsanachd ga meòrachadh aig an Oilthigh.
1.4	Saoghal/Lèirsinn nan Gàidheal	Mar a bhiodh na Gàidheil a' faicinn an t-saoghail... na dathan, nàdar, dùthchas is dualchas
1.5	Gnàthasan	An ceann na h-ùrnaigh creideamh a' bhata bhuidhe
Gràmar - Fulangach le GA GABH RACH - Naisgearan leis an tràth chumhach – NAN/NAM - Naisgearan is ceanglaichean – eisimeileach is neo-eisimeileach - An tràth teachdail dàimheach – riaghailteach agus neo-riaghailteach		Briathrachas Ainmearan: Gnìomhairean: meòraich, cnuasaich, beachdaich, breithnich Buadhairean:
Gnàthas-cainnte / Seanfhacail / Òrain As t-Earrach an uair a bhios a' chaora caol, bidh am maorach reamhar.		Na cuir a-mach an t-uisge salach gus an toir thu a-steach an t-uisge glan.
Abairtean Comais (CEFR/FICE) ➤ Is urrainn dhomh bruidhinn air bun-smointean cudromach. ➤ Is urrainn dhomh beachdachadh air feallsanachd agus eòlas. ➤ Tha beagan eòlais agam air feallsanachd san fharsaingeachd agus air feallsanachd nan Gàidheal.		

Cuspair 22: Bàrdachd | Poetry

1.1	Bàrdachd na Gàidhlig	Eachdraidh bàrdachd na Gàidhlig suas gu nua-bhàrdachd na Gàidhlig - BBC Alba - Foghlam - Larach nam Bard - bàrd, dàn, duan, filidh, meatrachd, dàn dìreach, còrdadh, sruth-fhacal, ruitheam, samhla, samhla, ìomhaigh, ìomhaigheachd, brìgh, ciall,
1.2	A' ghaoth - Iain Mac a' Ghobhainn	Cò air a tha i (a') gearan fad na h-oidhch'? A bheil i airson gun toir sinn an aire dhi ? An e sin as coireach gum bris i ar bàtaichean... + Ceistean agus còmhraidh mun dàn.
1.3	'S i a' Ghàidhlig - Donnchadh MacGuaire Màiri Iain Mhurch' Chaluim - Anna Frater	'S i a' Ghàidhlig leam gach nì rim bheò Mura b' e i cha bu mhì. + Ceistean agus còmhraidh mun dàn. air aghaidh fhuar a' chuain tha pian na caillich cho geur ri pian na nighinn , Agus, aig aois deich bliadhna, cha robh agaibh ach cuimhne air a' chreig a bhiodh gur cumail còmhnaidh; 's gach dòchas a bha nur sùilean air a bhàthadh tron oidhch' ud, 's tro gach bliadhn' ùr a lean. + Ceistean agus còmhraidh mun dàn. BBC ALBA - Làrach nam Bàrd 20mh - Bàrdachd: Anna Frater
1.4	Somhairle MacGillEathain - Coin is Madaidhean-allaidh	Beagan mun bhàrd is àite ann an saoghal na bàrdachd. Thar na sìorraidheachd, thar a sneachda, a' leum thar mullaichean nan gàrradh, a' ruith fo sgàil nan craobhan fàsail, rèis nam madadh 's nan con iargalt Somhairle MacGill-Eain Air-loidhne (sorleymaclean.org) + Ceistean agus còmhraidh mun dàn.
1.5	Hallaig	's buailear am fiadh a tha 'na thuaineal a' snòtach nan làraichean feòir; thig reothadh air a shùil sa choille: chan fhaighear lorg air fhuil rim bheò.
Gràmar - Gràmar stèidhichte air na dàin - Na tuislean air fad a-rithist le buadhairean - Mura le fuaimreagan: mura h-aithnichear		Briathrachas Ainmearan: Gnìomhairean: Buadhairean:

Gnàthas-cainnte / Seanfhacail / Òrain

- Is dual don bhàrd 'athair aithris.
- Is iongantach cho geàrr 's a tha thu, 's nach bu bhàrd a b' athair dhut.
- Trì subhailcean a' Bhàird—cìocras coin gu làn a bhroinn; fios fithich a' ruith gu ròic ; tart frithir gu òl a dhram.

Abairtean Comais (CEFR/FICE)

- Is aithne dhomh cuid de na bàird as ainmeile a sgrìobh bàrdachd sa Ghàidhlig.
- Thèid agam air bàrdachd Ghàidhlig a leughadh.
- Is urrainn dhomh meòrachadh air ciall nan dàn.
- Is urrainn dhomh mo bheachd air bàrdachd a thoirt seachad.

Cuspair 23: Dòchas | Hope

1.1	Mhiannaichinn...	Dè mhiannaicheadh tu nad bheatha nach eil agad? Dè shùilicheadh tu a gheibheadh tu air do cho-là-breith? An dùraigeadh tu sin a ràdh ris? Cha dùraigeadh e sin a dhèanamh Ged a lùigeadh tu gum biodh e na bu mhotha . Dè dh'iarradh tu air Bodach na Nollaige?
1.2	Tha feum air <i>Abairtean mòdail airson mhiannan, dhòchasan, fheumalachdan, iarrtasan, msaa.</i>	Feumaidh tu _ a dhèanamh Tha feum agad air _ Tha _ a dhìth B' fheudar dhut _ Thig ort _ a dhèanamh Tha _ bhuam Tha agad ri _ msaa
1.3	Guma fada beò thu!	Beir buaidh! Gur math a thèid leat! Guma slàn Guma math a thèid leat! Guma math a dh'èireas dhut! Guma fada beò sibh is ceò às ur taigh! Guma meal thu do bhiadh! Guma fada a mhaireas e! Nar leigeadh Dia! Nar fhaiceam Calum Nar fhaiceam olc, nar chluinneam olc, nar labhram olc! Nar chluinneam an tuilleadh droch naidheachd!
1.4	Bhite an dòchas	Bhite an dòchas gum faighte gun cuirte gum faicte ...
1.5	Gnàthasan	Cha b' fhuilear dhaibh tighinn aig uair gun dùil ris Tha mise an dòchas nach tig an tinneas seo (ann) an gaoth na cloinne agaibh! Duine a tha air dùil a thoirt thairis. Tha an lighiche air dùil a thoirt dheth.
Gràmar - Abairtean mòdail gnàthasach Fulangach cumhach – riaghailteach is neo-riaghailteach Clàsan is fo-chlàsan le gnìomhairean – gun tig, gun tèid, gum faigh, gum faighear, gun toirear		Briathrachas Ainmearan: Gnìomhairean: miannaich, sùilich, dùraig, iarr, lùig Buadhairean:
Gnàthas-cainnte / Seanfhacail / Òrain - Far am bi toil bidh gnìomh. - Nar fhaiceam olc, nar chluinneam olc, nar labhram olc! - Bheir eu-dòchas misneachd do ghealtair.		
Abairtean Comais (CEFR/FICE) ➤ Is urrainn dhomh bruidhinn air na miannan aig daoine. ➤ Thèid agam air na h-iarrtasan agam a chur an cèill ann an grunn diofar dhòighean. ➤ Is urrainn dhomh na feumalachdan aig daoine a mhìneachadh. ➤ Is urrainn dhomh guidhe gun tachair no nach tachair rudan.		

Cuspair 24: Na Fuadaichean | The Clearances

1.1	Eachdraidh nan Gàidheal agus na h-Ìmpireachd	<i>A' togail air briathrachas a chaidh a theagasg mar-thà mu ìmpireachd is eilthireachd</i>
1.2	Ìmpireachd ann an Astràilia is Afraga agus sna Stàitean Aonaichte	Gàidhlig agus na Gàidheil air feadh an t-saoghail.
1.3	An Teachdaire Gàidhealach – Gàidhlig ann an Astràilia agus Sealainn Nuadh	An Teachdaire Gàidhealach Comainn Ghàidhlig Comunn Gàidhlig Astràilia - The Scottish Gaelic Association of Australia (ozgaelic.org) About the society — Scottish Gaelic Society of Victoria (scottishgaelicvictoria.org.au) Dunedin – Dùn Èideann
1.4	Faireachdainn nan Gàidheal mun t-Seann Dùthaich agus mun Dùthaich Ùir – Òran Do Dh'Ameireaga (A' Choille Ghruamach) – le Iain MacIlleathain (Bàrd Tighearna Chola)	Òrain is bàrdachd Eilthireachd: Ge mòr an seanachas a bh' aca 'n Albainn Tha a' chùis a' dearbhadh nach robh e fìor; Na dolair ghorma chan fhaic mi falbh iad Ged bha iad ainmeil a bhith san tìr. Ma nithear bargain chan fhaighear airgead, Ged 's èiginn ainmeachadh anns a' phrìs, Ma gheibhear cùnnradh air feadh nam bùithtean Gum pàighear a-null e le flùr no ìm. BBC ALBA – Làrach nam Bàrd 19mh – Bàrdachd: Iain MacIlleathain A' Choille Ghruamach - Tobar an Dualchais
1.5	Gnàthasan	Cuir às do... Cuir às an rathad
1.6	Deasbad: Ìmpireachd is eilthireachd san t-Seann Dùthaich agus san Dùthaich Ùir	
Gràmar • Tràth caithte gnàthach riaghailteach • Tràth caithte fulangach riaghailteach		Briathrachas • Ainmearan: • Gnìomhairean: • Buadhairean:
Gnàthas-cainnte / Seanfhacail / Òrain		
Abairtean Comais (CEFR/FICE)		
➤ Is urrainn dhomh bruidhinn air buaidh na h-ìmpireachd air an t-saoghal. ➤ Tha mi eòlach air a' bhuaidh a bh' aig Gàidheil a chaidh fhuadachadh gu gach ceàrnaidh den t-saoghal. ➤ Is urrainn dhomh bruidhinn air mar a bha na Gàidheil a' faireachdainn mun ìmpireachd is mu fhuadach.		

Cuspair 25: Gnàth-shìde | Climate

1.1	So-sheasmhachd <i>Ceistean mu dheidhinn so-sheasmhachd a' sealltainn aogas leantainneach.</i>	Dè tha ga dhèanamh - gus ar beatha a dhèanamh nas so-sheasmhaiche? A bheil connaidhean-fosail fhathast gan cleachdadh ? A bheilear a' leasachadh cumhachdan ath-nuadhachail mar bu chòir? / A bheil cumhachdan ath-nuadhachail gan leasachadh mar bu chòir?
1.2	Teasachadh na Cruinne	truailleadh, truailidheachd, sgrùdadh truailidh, truailleadh àile, atharrachadh na gnàth-shìde, teasachadh na cruinne, cruaidh-chàs/èiginn na gnàth-shìde, eimisean An deach truailleadh àile adhbharachadh le mac an duine? - Chaidh An tèid fuasgladh a lorg ? - Cha tèid
1.3	Gnìomhachasan Uaine: Ath-chuartachadh, cumhachd ath-nuadhachail	Am Pàrtaidh Uaine, Uaineach, iomairt uaine, panail-ghrèine, teasachadh-grèine, tuathanas-grèine, dealan-uisge, hàidreo-, ath-fhiadhachadh, neodrach a thaobh carboin, glacadh carboin, nighe-uaine, ath-ùrachadh
1.4	Neart na gaoithe	Tuathanas-gaoithe, lùth-gaoithe, crann-gaoithe, uspagan gaoithe, oiteagan gaoithe, cho caochlaideach ris an t-sìde, plathag, deò, deò-ghaoithe, cho luath ris a' ghaoith, ris a' ghaoith / leis a' ghaoith, gaoth chothromach, gaoth sheasmhach, tha feannadh air a' ghaoith
1.5	Atharrachadh na Gnàth-shìde leis a' cheum bhuadhach	Tha an aimsir a' dol am miosad . An tèid an saoghal an teòthad san àm ri teachd? Tha an gnàth-shìde a' dol an teòthad mar-thà. An deach an aimsir ann an Alba am flichead anns na bliadhnaichean a chaidh seachad?
1.6	Gnàthasan	Sìde nan seachd sian gaoth is gailleann / gèiltean fòghnaidh na dh'fhòghnas cùis eagail thàinig a' chùis gu buil
Gràmar - An Tràth Teachdail/Làthaireach Fulangach (a-rithist) - Fulangach le RACH - An ceum buadhach; <i>am feabhas, am miosad, am flichead, an teòthad</i>		Briathrachas Ainmearan: Gnìomhairean: Buadhairean:
Gnàthas-cainnte / Seanfhacail / Òrain Chan eil gaoth a shèideas nach dèan feum do chuid-eigin		

Abairtean Comais (CEFR/FICE)

- Is urrainn dhomh atharrachadh na gnàth-shìde a mhìneachadh.
- Is urrainn dhomh beachdachadh air atharraichean san ghnàth-shìde.
- Thèid agam air bruidhinn air na chaidh a dhèanamh a thaobh na gnàth-shìde agus na dh'fhaodadh tachairt san àm ri teachd.

Cuspair 26: Gaisgich na Gàidhlig | Gaelic Heros

1.1	Gaisgich neo-bhàsmhor - An Fhèinn	An Fhèinn a-rithist – Cù Chulainn / Oisean an Tìr nan Òg. Fionn agus na fir mhòra.
1.2	Gaisgich Eachdraidheil - Alasdair Mac Colla Chiotaich MacDhòmhnaill Raibeart Ruadh MacGriogair Fionnghal NicDhòmhnaill	“Fear thollaidh nan taighean” Cogadh nan Trì Rìoghachdan An t-òran ‘Alasdair Mhic Colla Ghasta’ - Anne Lorne Gillies / Caperceillie Sgeulachd a bheatha - Na dròbhairean, buachailleachd, dròbh cruaidh, nuallan nam beathaichean, creachadh, togail nam bà, togail na creiche, fògarrach, air fògarach, duine fon choill’, ainmeil, cliùiteach . Sealainn Nuadh - Roys Peak, Rob Roy Glacier Teicheadh a’ Phrionnsa Theàrlaich is beatha Fionnghail.
1.3	Gaisgich an latha an-diugh - Iain Noble	Stèidheachadh Sabhal Mòr Ostaig, Eilean Iarmain is gnothachasan Gàidhlig ann an Slèite.
1.4	A’ toirt mo sgilean Gàidhlig air adhart	Ionnsachadh leantainneach – Ciamar a chuireas tu do sgilean cànan gu feum? Ciamar a ghabhas tu pàirt ann an saoghal na Gàidhlig? Ciamar a chuireas tu ri coimhearsnachd na Gàidhlig? Ciamar a bheir thu do chuid Gàidhlig air adhart air do cheann fhèin?
1.5	Gàidhlig san àm ri teachd	Luchd-ionnsachaidh agus àm ri teachd a’ chànain – coimhearsnachdan far am bruidhnear Gàidhlig gu gnàthach agus lìonraidhean de luchd-ionnsachaidh. Ciamar a nì sinn cinnteach gum bi an cànan seasmhach? ‘S e gaisgich a th’ annainn uile a bhios a’ bruidhinn na Gàidhlig!
1.6	Gnàthasan	Mu dheireadh thall aig a’ cheann thall
Gràmar 		Briathrachas Ainmearan: Gnìomhairean: Buadhairean:
Gnàthas-cainnte / Seanfhacail / Òrain Alba - tìr nam beann, nan gleann, is nan gaisgeach!		An car a bhios san t-seann mhaide 's duilich a thoirt às.

Abairtean Comais (CEFR/FICE)

- Is aithne dhomh cuid de na gaisgich bho eachdraidh is beul-aithris na Gàidhlig.
- Is urrainn dhomh bruidhinn mu àm ri teachd a' chànain is na dùbhlain a tha roimhe.
- Is urrainn dhomh meòrachadh air mo shlighe ionnsachaidh fhèin.
- Is urrainn dhomh mo sgilean cànan a chur gu feum is a thoirt air adhart air mo cheann fhèin.